

A' buain feamainn



Ann an cuid de dh'àiteachan, bha pàirtean den chladach air an cur air leth do **sgìrean** sònraichte. Bhiodh muinntir na **sgìre** a' buain **feamainn** an sin gu **cunbhalach**. Air a' chosta an iar far an robh a' ghaoth mòr, bhiodh tòrr feamad ga cruinneachadh an dèidh stoirm.

Bhiodh boireannaich air **Ghàidhealtachd** a' sreap ann an àiteachan cas a' cruinneachadh **feamainn**. Lìonadh iad na clèibh fhiodha a bha crochte tarsainn air druim an eich le pailteas **feamainn**. Bhiodh boireannaich cuideachd a' giùlan feamainn fhliuch, throm ann an **clèibh** chun a' mhachaire. Bhiodh an fheamainn air a sgaoileadh an sin gus an tiormaicheadh i sa ghrèin.

